



Alba 2030
**Sealladh Brosnachail
air an Àm ri Thighinn**



The Scottish Parliament
Pàrlamaid na h-Alba



Scotland's
Futures Forum
Fòram Alba air Thoiseach

Ro-ràdh

Tha Prògram Alba 2030 air a bhith na rannsachadh air an t-seòrsa dùthaich a tha sinn a' miannachadh a bhios ann an Alba ann an 2030 agus nas fhaide air adhart.

Troimhe, tha Fòram Alba air Thoiseach air coimhead ri mar a tha cultar agus comann-sòisealta na h-Alba ag atharrachadh agus mar a dh'atharraicheas e fhathast. Tha sinn air sùil a thoirt air na cùisean tro dhiofar thèaman agus bho dhiofar sheallaidhean, leis an amas fharsaing sealladh brosnachail a thoirt air na tha romhainn.


Thar bliadhnaichean a' phrògram, tha sinn air stòr fiosrachaidh de stuthan a chruthachadh. Cho math ri bhith a' buntainn ris an raon fharsaing de chuspairean a tha air an deasbad, tha e na adhbhar cnuasachadh air na tha an dàn do dh'Alba. Le bhideothan, podchraolaidhean, aithisgean tachartais, blogaichean le aoighean, sgeulachdan agus dealbhan, tha sinn air taic a thoirt do ghrunn ghuthan gus meòrachadh air an àm ri teachd san dòigh a thogras iad fhèin.

Gheibhear a h-uile dad a rinn sinn air an làraich-lìn againn:


www.scotlandfutureforum.org.

Tha an aithisg ag amas air na prìomh chùisean a dh'èirich às an obair againn a nochdadh agus cuid de cheistean cudromach airson nan 10 bliadhna a tha romhainn. Tha e cuideachd a' mìneachadh taghadh de na molaidhean cruthachail a chaidh a dhèanamh anns na tachartasan againn, le 10 smuaintean airson 2030.

Ach is e an rud as cudromaiche buileach gu bheil sinn an dòchas gum piobraich e a h-uile duine – Buill Pàrlamaid na h-Alba agus na daoine dha bheil iad a' frithealadh – gus sealladh brosnachail a thoirt air an àm ri teachd.



Prìomh theachdaireachdan



A' fàs suas ann an 2030

Tha bliadhnaichean tràtha ar beatha a' suidheachadh na stiùir airson a' chòrr de ar beatha, agus tha Alba ag amas gur e an t-àite as fheàrr san t-saoghal a bhios ann do chloinn is daoine òga a bhith a' fàs suas. Ach, tha duilgheadasan eaconamach fad-ùine a' bacadh cothroman mìltean de dhaoine òga gach bliadhna, agus tha goireasan didseatach, a bhios a' leasachadh fad na tìde, a' toirt math agus olc an t-saoghail gu dìreach a-steach do ar dachaighean.

Thèid timcheall air leth mhillean leanabh a bhreith ann an Alba anns na 2020an. Ciamar a chuidicheas sinn òigridh na h-Alba a bhith ag ullachadh airson, agus a' toirt gu buil, latha nas soilleire a-màireach? A bheil sinn treun gu leòr airson na co-dhùnaidhean mòra a dhèanamh mar phàirt de na h-atharrachaidhean sin gus dèiligeadh ri fìor ana-cothrom ann an Alba agus cùisean a chur ceart airson a h-uile pàiste?

Bidh teicneòlas ga chur an sàs ann am beatha ar cloinne gun smuain air an droch bhuidheachadh a dh'fhaodadh a bhith aige – ciamar a sheasas sinn ri seo? Ciamar as urrainn dhuinn ar luachan a chur an sàs anns a' phròiseas aig an fhìor thoiseach? Agus ciamar a nì sinn sin nuair a tha na h-innealan agus an saoghal air am bi iad a' toirt cothrom ag atharrachadh cha mhòr a h-uile latha?

Mu dheireadh, anns an t-saoghal uile-chaochlaideach seo, dè a bhios sinn a' teagasg don chloinn againn? Gus dèiligeadh ri dùbhlain 2030 agus às a dhèidh, feumaidh daoine òga agus an tìdsearan a bhith comasach air atharrachadh a rèir shuidheachaidhean. Feumar an saorsa a thoirt dhaibh a bhith cruthachail, dàna agus, uaireannan, a bhith a' fàilligeadh gu sàbhailte. A bheil Alba – a comann-sòisealta agus a Pàrlamaid – deònach saorsa agus taic a thoirt do thidsearan agus daoine òga airson sin a dhèanamh?

Beatha na h-obrach ann an 2030

Do mhòran dhaoine, is e an ùine a chaitheas iad aig an obair a' chuid as motha de am beatha. Bidh beatha na h-obrach a' fàs nas fhaide mar a thèid sinn tro na 2020an le aois cluaineis a' dol an-àirde agus an sgaradh eadar obair agus beatha na dachaigh a' fàs nas mì-chinntiche.

Is e seo cuideachd an t-àm nuair as motha a chuireas sinn ri sgaoilidhean blàthachadh na cruinne. Anns a' ghluasad eaconamach a tha romhainn, ciamar as urrainn do dh'Alba soirbheachas eaconamach an latha an-diugh a thionndadh gu eaconamaidh sheasmhach a-màireach?

A-riamh bha teicneòlas ga chleachdadh gus beatha nas fheàrr a thogail. Faodaidh sin a bhith fìor anns na deich bliadhna a tha romhainn cuideachd, ach tha astar an atharrachaidh fada nas luaithe na dad a chunnaic sinn gu ruige seo. Dè a tha sinn a' dèanamh gus taic a thoirt dhaibhsan a tha an ceann an cosnaidh an-diugh gus ullachadh airson an atharrachaidh ri thighinn?

Tha saoghal na h-obrach, agus ar beatha obrach, san àm ri teachd mì-chinnteach. Faodaidh sinn cuid de shochairan a ro-innse: sgaradh nas cothromaiche de dhleastanasan na h-obrach agus na dachaigh, roghainn chothroman nas fharsainghe do bhoireannaich is fhìreannaich, agus cothromachadh nas fheàrr eadar obair agus dachaigh. Ach chan fhaighear iad sin ach le bhith a' dèanamh cho-dhùnaidhean cruaidh is seasamh ri cunnart – agus tuigsinn, ma tha dòigh-beatha na h-Alba dol a bhith seasmhach san àm ri teachd, gu feum sinn atharrachadh na tha sinn a' dèanamh san àm a th' ann.

A' fàs nas sine ann an 2030

Ann an 2030, bidh barrachd sheann daoine ann – uile gu lèir agus mar chuibhreann den t-sluagh. Is e rud math a th' ann an seo ann an iomadh dòigh, ach mar a bhios sinn a' fàs nas sine, bidh ar comas bodhaige a' dol bhuithe agus faodaidh ar comas inntinn lagachadh le crìonadh leantaileach nar slàinte.

Le barrachd eòlais, agus daoine a libhrigeas deagh eisimpleir do chàch, faodaidh an sluagh a bhith nas fhallaine san àm ri teachd. Ma tha sinn dol a bhith beò gu ar n-ochdadan, ar naochadan agus nas fhaide feumaidh sinn ullachadh nar 30an, 40an agus 50an.

Le barrachd dhaoine a' cur feum air cùram a tha a' sìor-fhàs nas iom-fhillte, feumaidh sinn beachdachadh air cò a choimheadas às dèidh seann daoine agus càite. Bidh luchd-cùraim aig a bheil deagh thaic a' toirt barrachd buannachd do na daoine ris a bheil iad a' frithealadh agus don chomann-shòisealta gu h-iomlan. Feumaidh sinn uile beachdachadh air dè tha sin a' ciallachadh dhuinn fhìn, ar teaghlaidhean agus ar coimhearsnachdan.

Tha buaidh mhòr aig na h-àiteachan sa bheil sinn a' fuireach, gach cuid ar dachaighean agus ar coimhearsnachdan, air ar sunnd agus ar slàinte. Mar a bhios an sluagh a' fàs nas sine, feumaidh ùghdarrasan poblach, a' gabhail a-steach Pàrlamaid na h-Alba, aire a thoirt do fheumalachdan caochlaideach seann daoine. Ma nì sinn sin, is urrainn dhuinn coimhearsnachdan nas fhallaine, nas seasmhaiche agus nas caidreachail a thogail airson na h-uile.

Am bàs agus bàsachadh ann an 2030

Bidh barrachd dhaoine a' bàsachadh ann an 2030. Le àrdachadh san àireamh-sluaigh, bidh barrachd bàis ann uile gu lèir. Ach nas cudromaiche na sin, bidh sinn air slighe a' bhàis airson ùine nas fhaide. Mar a bhios daoine beò le galaran crìonaidh agus iad a' dlùthachadh air deireadh am beatha, bidh sinn a' caoidh call an comas bodhaige agus inntinn, call am pearsantachd na mheasg. Bheir bròn ro bhàs, a bharrachd air caoidh às dèidh bàs, buaidh oirn uile.

Cho math ri deagh sheann aois a chur mar phrìomhachas slàinte a' phobaill, tha e ciallach a bhith a' sònrachadh deagh bhàs na amas slàinte phoblaich cuideachd. Le bhith a' brosnachadh dhaoine gu bhith a' smaoineachadh air adhart gu deireadh am beatha agus gan cuideachadh le bhith ag ullachadh bidh e nas fhasa co-dhùnaidhean cruaidh a dhèanamh agus gheibhear thairis air amannan duilich nas fhasa.

Nuair a thig an t-àm airson inneal taic-beatha a chur dheth, no gluasad bho leigheas gu cùram cofhurtachd a-mhàin, no an t-àm soraidh slàn a leigeil le cuideigin, tha fios air na bha an neach a tha a' bàsachadh ag iarraidh na chuideachadh mòr.



Sealladh brosnachail air 2030

Air feadh Prògram Alba 2030, is e atharrachadh a' phrìomh theachdaireachd. Bidh an àrainneachd anns a bheil sinn beò ag atharrachadh. Bidh na h-innealan a chleachdas sinn ag atharrachadh. Agus atharraichidh beachdan, faireachdainnean agus beatha dhaoine. Cha robh astar an atharrachaidh a-riamh cho luath 's a tha e an-dràsta, agus is ann nas luaithe buileach a thèid e bho seo a-mach.

Chan eil atharrachadh, ge bith a bheil fàilte air no nach eil, a' tighinn gun spàirn. Gus dèiligeadh ris – agus leigeil le uimhir de dhaoine ann an Alba soirbheachadh às – feumaidh sinn a bhith onarach mu na tha a' tachairt agus mu na roghainnean a tha againn. Tha sin fìor an dà chuid do dhaoine fa leth agus do na buidhnean agus na h-institiùdan a nì co-dhùnaidhean a bheir buaidh air ar beatha, gu sònraichte Pàrlamaid na h-Alba mar chridhe an t-siostaim deamocrataich againn.

Is e an fhreagairt as fheàrr, a chomharraich luchd-aithris agus com-pàirtichean air grunn chuspairean, dèanamh cinnteach gu bheil guth agus àite aig daoine nan dàn fhèin. Ge bith an e na tha air a theagasg san sgoil aca, àm ri teachd na coimhearsnachd aca, no dè thachras aig deireadh am beatha, bu chòir na daoine a bhios fo bhuidhean atharrachaidhean san àm ri teachd a bhith aig cridhe cho-dhùnaidhean sam bith a thèid a dhèanamh.

Tha e soilleir gu bheil pàirt chudromach aig Pàrlamaid na h-Alba ann an sin. Ann a bhith a' deasbad nan cùisean as cudromaiche do mhuinntir na h-Alba, a' dèanamh laghan a stèidhicheas frèam-obrach airson ar comann-sòisealta, agus a' cumail an Rìaghaltais cunntachail airson a cho-dhùnaidhean, tha e a' toirt inbhe agus guth do mhuinntir na h-Alba anns na prìomh cho-dhùnaidhean a tha a' toirt buaidh air am beatha.

Agus ann a bhith a' dèanamh sin, feumaidh a' Phàrlamaid agus na daoine a tha an sàs san obair aice coimhead nas fhaide na a-màireach, an ath mhìos no an ath thaghadh. Faodaidh sealladh soilleir agus brosnachail den àm ri teachd ar cuideachadh le bhith a' cruthachadh an t-saoghail adhartach a tha sinn uile ag iarraidh.





Air feadh Prògram Alba 2030, dh'innis com-pàirtichean an tachartais am beachdan agus an smuaintean air mar a dhèiligeas iad ris an àm ri teachd. Seo 10 smuaintean air am faodadh Pàrlamaid na h-Alba beachdachadh.



Taigh-tasgaidh fàilligidh

Mura fàillig sinn, cha bhi sinn ag ionnsachadh. A' cleachdadh sgeul Raibeart Brus agus an damhan-allaidh, agus sgeulachdan nas ùire leithid innleachdan saidheansail mar Dolly a' Chaora agus leithid euchdan spòrs Andy Mhoirich, dh'fhaodadh taigh-tasgaidh nàiseanta fàilligidh an t-àite a th' aig fàilligeadh san t-slighe gu soirbheachas a nochdadh agus daoine a bhrosnachadh gus dùraigeachd a bhith dàna.



Teagaisg gach cuspair tro na h-ealain chruthachail agus obair-bhuidhne

Tha conaltradh, cruthachalachd agus co-obrachadh nam prìomh sgilean airson an ama ri teachd, an dà chuid don eaconamaidh gu sònraichte agus don chomann-shòisealta san fharsaingeachd. Dh'fhaodadh siostam sgoile a tha stèidhichte air obair-buidhne thar-bliadhna agus pròiseactan anns na h-ealainean cruthachail daoine òga a chuideachadh a bhith a' leasachadh nan sgilean a dh'fheumas iad gus fuasglaidhean cruthachail a lorg san àm ri teachd.



Dèan mòr-ionad coimhearsnachd de gach sgoil

Tha togalaichean sgoile aig cridhe choimhearsnachdan, a' toirt còmhla daoine bho dhiofar eachdraidh. Thairis air na 10 bliadhna a tha romhainn, mar a bhios coimhearsnachdan air an ath-leasachadh gus freagairt ri atharrachaidhean sluaigh, bhiodh togalaichean sgoile a tha ceangailte ri taigheadas do sheann daoine agus a tha a' tabhann goireasan coimhearsnachd taobh a-muigh uairean na sgoile a' cuideachadh dhaoine gus tighinn còmhla ann an àiteachan a tha ruigsinneach do na h-uile.



Làrach deuchainn air eilean na h-Alba airson carbadan fèin-stiùiridh

Bidh carbadan fèin-stiùiridh ag obair gu math ann an àrainneachdan a tha riaghlachd, ach ma tha iad dol a dh'obair san fhìor shaoghal feumar deuchainn a dhèanamh orra san fhìor shaoghal. Leis a' bhun-structar dhidseatach cheart, ghabhadh aon de na h-eileanan Albannach a chleachdadh gus carbadan fèin-stiùiridh fheuchainn ann an suidheachadh beò a tha air a riaghladh gu teann. Bhiodh e air thùs san t-saoghal mar sgrùdadh air buannachdan charbadan fèin-stiùiridh do choimhearsnachdan.



Còmhradh nàiseanta air biadh

Tha dàimh thoinnte aig Alba le biadh is deoch, air an dàrna làimh pròiseil às an fheòil is iasg as fheàrr a th' ann agus air an làimh eile ro dhèidheil air biadh mì-fhallain. Bhiodh còmhradh fìor nàiseanta mu ar biadh is ar tuathanas na chuideachadh air an t-slighe gu beatha san àm ri teachd a tha nas fhallaine agus nas seasmhaiche.



Comharra-càileachd airson algoritman

Tha inntleachd fuadain air a chleachdadh mu thràth airson mòran cho-dhùnaidhean a dhèanamh an dà chuid san roinn phrìobhaidich agus san roinn phoblaich, agus feumar dèanamh cinnteach nach bi algoritman a' dèanamh leth-bhreith gun fhiosta an aghaidh diofar bhuidhnean sa chomann-shòisealta. Bheireadh comharra-càileachd no pròiseas coltach ris cinnt dhaibhsan a tha a' cleachdadh nan algoritman – agus an fheadhainn anns a' Phàrlamaid a tha gan cumail cunntachail – gu bheil am pròiseas leasachaidh air aire a thoirt do na buaidhean uile a dh'fhaodadh a bhith ann.



Cairt air deasbad uallach

Bidh earbsa choimhearsnachdan agus bhuidhnean sa chomann-shòisealta ga shìor chur fo dhùbhlán mar a bhios an saoghal didseatach a' fàs nas freumhaichte anns na poilitigs agus na meadhanan againn. Faodaidh luchd-poilitigs ceannas a nochdadh sa chùis seo le bhith a' cur ainm ri rudeigin leithid a' Chùmhnant airson Deasbad Poblach Uallach a chruthaich Acadamaidh Òg RSE na h-Alba.



Tèarmann bhon t-Saoghal Dhidseatach

Tha ar beatha a' sìor-fhàs nas eadar-cheangailte. Chan e dìreach inneal conaltraidh a th' anns an eadar-lìn tuilleadh; bidh innealan tapaidh air gach taobh dhinn. San aon dòigh 's a bhios Pàircean Adhar Dorcha a' toirt cothrom do dhaoine eòlas fhaighinn air beatha às aonais solas dealain, chuidicheadh tèarmann bhon t-saoghal dhidseatach – far nach fhaighear ceangal don eadar-lìn ach ann an cùis èiginn – luchd-tadhail gus fois fhaighinn bho na h-innealan didseatach aca.



Plana fad-beatha airson daoine aois 40-bliadhna


Tha mòran ann as urrainn dhuinn uile a dhèanamh gus ar seann aois a dhèanamh cho càileir 's a ghabhas. Nuair a ruigeas a h-uile duine 40, bu chòir dhaibh fiosrachadh fhaighinn a tha sònraichte dhaibh fhèin mu na buannachdan slàinte a thig le eacarsaich agus deagh bhiadh, còmhla ri foirm a tha gam brosnachadh gus dealbhadh airson an seann aois. Dh'fhaodadh a chur an cuimhne dhaibh coimhead a-rithist ri seo aig aois 50 agus 60, agus a h-uile còig bliadhna às dèidh sin.



Deireadh beatha mar phàirt de bheatha

Gu sònraichte ann an sluagh a tha a' fàs nas sine, tha na bliadhnaichean mu dheireadh de bheatha – agus an deireadh fhèin – aig cridhe comann-shòisealta fallain. Bhiodh prìomhachasan slàinte phoblaich 's a bheil sinn a' toirt taic do dhaoine a bhith gnìomhach, fallain agus neo-eisimeileach fhad 's a tha iad a' fàs sean gar n-ullachadh gus aghaidh a chur ris a' phàirt sin de ar beatha a thig oirnn uile.

Tha tuilleadh fiosrachaidh mu na smuaintean seo ri fhaighinn sa Bheurla:
<https://www.scotlandfutureforum.org/scotland-2030-10-for-2030/>



Website www.scotlandfutureforum.org

Twitter [@ScotFutures](https://twitter.com/ScotFutures)

Email ScotlandsFuturesForum@parliament.scot